

AODACH ÙR NEW CLOTHES

Fill in the gaps in the conversation with the appropriate phrases from the list.



an gnothach

a' còrdadh

às a chèile

barrachd air

Cheannaich Uilleam seacaid ùr nuair a bha e air saor-làithean san Eadailt. Tha e a' smaoinichadh gu bheil i spaideil. Tha e còmhla ri caraidean san taigh-òsta.

- Eòin: Fhuair thu seacaid ùr, Uilleim.
 Uilleam: Fhuair - tha mi toilichte gu bheil i.....riut!
 Eòin: Tha i spaideil gu dearbh. Am faod mi faighneachd dè phàigh thu oirre?
 Uilleam: Trì cheud not.
 Cailean: Dè?! Tha thu às do chiall. Cha do phàigh mi.....ceud not air seacaid riamh.
 Uilleam: Ge-ta, nì i.....dhomh airson bliadhnaichean is tha mi a'pòsadh an ath-sheach dain. 'S fhiach i e.
 Eòin: Meal is caith i co-dhiù, Uilleim. Ist, dè tha seo? Tha i a' tighinn.....aig an achlais.
 Cailean: Chan fhiach i fiù 's leth-cheud not.
 Uilleam: Daingead! Tha sibh ceart, tha toll san achlais. Daingead!

Chan fhiach i - it's not worth
tha thu às do chiall - you're daft, you're out of your mind
meal is caith i - enjoy wearing it, literally: enjoy and wear it
achlais - armpit

Eadar-theangachadh: William bought a new jacket when he was on holiday in Italy. He thinks it's smart. He's in the pub with friends. Jonathan: You got a new jacket, William. William: Yes - I'm glad you like it! Jonathan: It's smart indeed. May I ask what you paid for it? William: £300. Colin: What? You're daft! I've never paid more than £100 for a jacket. William: But, it will do me for years ... and I'm getting married next week. It's worth it. Jonathan: Enjoy wearing it anyway, William! Ssh, what's this? It's coming apart at the armpit. Colin: It's not even worth £50. William: Dash it! You're right, there's a hole in the armpit. Dash it!

Freagairtean: Ordugh nam facal - a' còrdadh; barrachd air; an gnothach; às a chèile.